

Stiùireadh airson Tabhartasan Foghlaim 2022/23

Gaelic Education Grants Guidelines 2022/23

Mu dheidhinn na maoine seo

Chaidh a' mhaoin seo a stèidheachadh le Bòrd na Gàidhlig gus taic a thoirt do dhaoine a tha ag obair a dh'ionnsaigh a bhith a' toirt dreuchd a-mach mar neach-teagaisg Gàidhlig no ann am foghlam tràth-bhliadhnaichean & cùram-cloinne na Gàidhlig agus airson cothroman trèanaidh a bharrachd a thoirt do luchd-teagaisg a tha an sàs ann am foghlam tron Ghàidhlig a-cheana.

Tha a' mhaoin seo fosgailte airson iarrtasan airson na bliadhna acadaimigich 2022/23.

Mu dheidhinn Bhòrd na Gàidhlig

'S e Buidheann Phoblach Neo-roinneil (BPNR) a th' ann am Bòrd na Gàidhlig a chaidh stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha dleastanas reachdail air gus cleachdadh na Gàidhlig a chur air adhart agus piseach a thoirt air cor a' chànan air feadh na h-Alba.

'S e aon de na dleastanasan eile a th' air Bòrd na Gàidhlig, a bhith a' cruthachadh [Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig](#) gach còig bliadhna mar ro-innleachd airson leasachadh a' chànan.

Tha e na amas do Bhòrd na Gàidhlig fàs a thoirt air foghlam Gàidhlig agus leis an sin bidh Bòrd na Gàidhlig a' dèanamh oidhirpean gus taic chunbalach a thoirt don obair gus tidsearan is luchd-obrach Gàidhlig a thrusadh, a ghleidheadh, agus a thrèanadh airson Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI).

Cò dh'fhaodas iarrtas a chur a-steach?

Oileanaich air càrsa teagaisg Gàidhlig

- Oileanaich a tha a' dèanamh PGDE ann am Foghlam Gàidhlig (airson ìre Bun-sgoile agus Àrd-sgoile – an dùchuid Gàidhlig mar chuspair agus cuspairean tron Ghàidhlig)

About this fund

This fund was created by Bòrd na Gàidhlig to provide support to those working towards a career in Gaelic teaching or Gaelic Early Learning & childcare and to provide further training opportunities to teachers already involved in Gaelic-medium education.

The fund is currently open for applications for the 2022/23 academic year.

About Bòrd na Gàidhlig

Bòrd na Gàidhlig is a Non-Departmental Public Body that was established under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. It has a legislative responsibility for promoting the use and state of the Gaelic language throughout Scotland.

Another of Bòrd na Gàidhlig's responsibilities is to develop a [National Gaelic Language Plan](#) every five years as a strategy for development of the language.

Bòrd na Gàidhlig aims to support the growth of Gaelic Education and with this Bòrd na Gàidhlig will strive to continue supporting the recruitment, training and retention of teachers and other Gaelic practitioners for both Gaelic Medium Education (GME) and Gaelic Learner Education (GLE).

Who can apply?

Students enrolled on a Gaelic teaching course

- Students undertaking a PGDE in Gaelic Education (both Primary and Secondary – Gaelic as a subject and subjects through the medium of Gaelic)

- Oileanaich a tha a' dèanamh Fo-cheum ann am Foghlam Gàidhlig, (BA no MA Foghlam, no MA ann an Gàidhlig le Foghlam)
- Oileanaich air a chlàradh air an cursa ATQ (Teisteanas Teagaisg a Bharrachd) Gàidhlig aig Oilthigh Srath Chluaidh

Oileanaich air cursa thràth-bhliadhnaichean neo cùram-chloinne Gàidhlig

- Oileanaich a tha a' dèanamh HNC no HND ann an tràth-bhliadhnaichean no cùram-chloinne na Gàidhlig.

Luchd-teagaisg an sàs ann am foghlam tron Ghàidhlig

- Luchd-teagaisg a tha ann an dreuchd co-cheangailte ri foghlam tron Ghàidhlig a tha airson cursa a dhèanamh gus na sgilean aca a leasachadh no luchd-teagaisg le teisteanas a tha airson na sgilean aca leasachadh gus gluasad gu foghlam tron Ghàidhlig

Uaireannan, thèid beachdachadh air iarrtasan bho oilenaich a tha airson cursaichean cànan Gàidhlig a dhèanamh (m.e. cursaichean goirid no cursaichean air astar) mus tèid iad air adhart gu cursa ITE. Thatar an dùil gum bi neach sam bith a chuireas a-steach airson taic den t-seòrsa seo air àite a ghleidheadh air cursa ITE mu thràth, agus bu chòir dhuibh bruidhinn ris an Oifigeal Leasachaideil (Tidsearan) aig Bòrd na Gàidhlig mus cuir sibh iarrtas a-steach airson an t-seòrsa taice seo.

Feumaidh cunntas-banca san RA a bhith agaibh nuair a tha sibh a' cur an iarrtais agaibh a-steach (ach ma tha sibh sireadh taic le cìsean a' chòrsa a-mhàin).

Dè an taic a gheibhear?

Gheibhear trì seòrsaichean taice, airson:

- Cìsean a' chòrsa
- Tabhartas àbhaisteach
- Tabhartas a bharrachd

Cìsean a' chòrsa

'S urrainn dhuibh cur a-steach airson taic fhaighinn le cìsean a' chòrsa agaibh, suas ri £1,820 mar as àbhaist airson cursaichean foghlaim adhartaich neo aig ìre fo-cheum.

- Students undertaking a Gaelic Education Undergraduate Degree, (BA, MA Education or MA Gàidhlig with Education)

- Students enrolled on the Gaelic ATQ (Additional Teaching Qualification) course at the University of Strathclyde

Students enrolled on a Gaelic early years or childcare course

- Students undertaking an HNC or HND in Gaelic early years or childcare.

Teachers involved in Gaelic-medium education

- Teachers that are employed in a role relating to Gaelic-medium education that wish to undertake a course to develop their skills or qualified teachers looking to develop their skills to move into Gaelic-medium education

In some cases, applications will be considered from students wishing to undertake Gaelic language courses (e.g. short courses or distance learning course) prior to an ITE (Initial Teacher Education) course. Those who apply for such funding are expected to have already secured a place on an ITE course and any such application should be discussed with the Development Officer (Teachers) at Bòrd na Gàidhlig prior to submission.

It is essential that you have an active UK bank account at the time of applying (unless you are seeking support for course fees only).

What support is available?

Support is available in three different forms, for:

- Course fees
- Standard Grant
- Top-up Grant

Course fees

You can apply for support with course fees, normally up to a maximum of £1,820 for further education or undergraduate courses.

Ma tha cìsean a' chùrsa agaibh nas àirde na £1,820, bu chòir dhuibh bruidhinn ri Bòrd na Gàidhlig mus cuir sibh an t-iarrtas agaibh a-steach.

Sa chìad dol-a-mach, ma tha e ceadaichte dhuibh, feumaidh sibh cur a-steach airson taic bho SAAS, agus ma thèid an t-iarrtas sin a dhiùltadh faodaidh sibh cur a-steach airson taic bhon sgeama seo.

Feumaidh dearbhadh air mar nach fhaigh sibh taic bho SAAS a bhith an cois an fhoirm-iarrrais no chan fhaigh sibh taic le cìsean bhon sgeama seo.

Tabhartas Àbhaisteach

Tha tabhartas àbhaisteach ri fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig airson taic a chur ri cosgaisean bith-beò fhad 's a tha sibh air càrsa.

Tha an tabhartas seo airson oilleanaich a tha clàraichte air càrsa teagaisg Gàidhlig aig ìre PGDE, MA no BA, no air càrsa thràth-bhliadhnaichean no càram-chloinne Gàidhlig aig ìre HND no HNC. Airson 2022/23 tha an tabhartas cuideachd ri fhaighinn airson daoine a tha clàraichte air an càrsa ATQ (Teisteanas Teagaisg a Bharrachd) Gàidhlig aig Oilthigh Srath Chluaidh.

Tha diofar ìrean de thaic ri fhaighinn a rèir dè an suidheachadh a th' agaibh: ma tha sibh clàraichte air càrsa làn-thìde no pàirt-thìde; ma tha sibh air tabhartas fhaighinn a-cheana neo ma tha sibh air a bhith ag obair mus do thòisich sibh air a' chùrsa.

Tha an clàr a leanas a' sealltainn na h-ìre as àirde de thabhartas àbhaisteach a dh'fhaodadh sibh fhaighinn:

Càrsa Course	An d' fhuair sibh taic a-cheana? Support received before?	Càrsa Làn-thìde / Full-time course	Càrsa Pàirt-thìde / Part-time course
HNC no HND (Tràth-bhliadhnaichean & Cùram-chloinne) HNC or HND (Early Years & Childcare)		£1,000	£500
PGDE		£1,000	£500
BA / MA Foghlam BA / MA Education	Fhuair / Yes	£1,000	£500
BA / MA Foghlam BA / MA Education	Cha d' fhuair / No	£500	£250
Càrsa ATQ ATQ Course		-	£500

If the course for which you are seeking support has course fees of over £1,820 then you must discuss your application with Bòrd na Gàidhlig prior to submitting your application.

In the first instance, if you are eligible you must apply for support for course fees from SAAS, and if this is rejected you may apply for support from this scheme.

You must include confirmation along with your application that you do not qualify for support from SAAS, without which you will not receive support for course fees from this scheme.

Standard Grant

A standard grant is available from Bòrd na Gàidhlig for the cost of living while you are on a course.

This grant is open to students that are registered on a Gaelic teaching course at PGDE, MA or BA level, or on a Gaelic early years or childcare course at HND or HNC level. For 2022/23 the grant is also open to those enrolled on the Gaelic ATQ (Additional Teaching Qualification) course at the University of Strathclyde.

Different levels of support are available depending on whether you are enrolled on a full-time or part-time course; whether you have received support before and whether you have been employed before beginning your course.

The following table shows the maximum level of standard grant that can be awarded:

Tabhartas a bharrachd

Tha tabhartas a bharrachd cuideachd ri fhaighinn airson taic a chur ri oileanaich a tha air dreuchd làn-thìde fhàgail gus càrsa teagasc Gàidhlig a dhèanamh.

Faodaidh sibh cur a-steach airson tabhartas a bharrachd ma tha sibh air a bhith ann an dreuchd leantainneach làn-thìde airson co-dhiù 12 mìos a-mach às na 18 mìosan dìreach mus do thòisich an càrsa agaibh. Feumaidh sibh fianais a thoirt seachad air a' chosnadh agaibh còmhla ris an iarrtas agaibh ma tha sibh airson tabhartas a bharrachd fhaighinn.

Tha diofar ìrean de thaic ri fhaighinn a rèir dè an suidheachadh a th' agaibh: ma tha sibh clàraichte air càrsa làn-thìde no pàirt-thìde; ma tha sibh air tabhartas fhaighinn a-cheana agus dè cho fada agus a tha sibh air a bhith ag obair dìreach mus do thòisich sibh air a' chòrsa.

Tha na clàran a leanas a' sealltainn na h-ìre as àirde de thabhartas a bharrachd a dh'fhaodadh sibh fhaighinn:

Top-up grant

A top-up grant is also available to assist students who have left full-time employment to undertake a Gaelic teaching course.

You will be eligible for a top-up grant if you had been in continuous full-time employment for a minimum of 12 months during the 18 months immediately prior to the start of their course. Evidence of your employment must be provided along with your application for you to be eligible for a top-up grant.

Different levels of support are available depending on whether you are enrolled on a full-time or part-time course; whether you have received support before and how long you have been employed directly before beginning your course.

The following tables show the maximum level of top-up grant that can be awarded:

BA no MA Foghlam (a' chìad iarrtas) / BA or MA Education (1st application)

Bliadhnaichean ag obair mus do thòisich an càrsa Years in full-time employment prior to undertaking course		Cùrsa Làn-thìde / Full-time course	Cùrsa Pàirt-thìde / Part-time course
1+ Bliadhna	1+ Years	£500	£250
2+ Bliadhna	2+ Years	£1,000	£500
3+ Bliadhna	3+ Years	£1,500	£750
4+ Bliadhna	4+ Years	£2,000	£1,000

PGDE no BA, MA Foghlam (an dùrna iarrtas) / PGDE or BA, MA Education (2nd application)

Bliadhnaichean ag obair mus do thòisich an càrsa Years in full-time employment prior to undertaking course		Cùrsa Làn-thìde / Full-time course	Cùrsa Pàirt-thìde / Part-time course
1+ Bliadhna	1+ Years	£1,000	£500
2+ Bliadhna	2+ Years	£2,000	£1,000
3+ Bliadhna	3+ Years	£3,000	£1,500
4+ Bliadhna	4+ Years	£4,000	£2,000

Freagarrachd airson Tabhartasan (Àbhaisteach no a Bharrachd)

Chan fhaigh sibh tabhartas ma tha sibh air tabhartas fhaighinn mu thràth airson dà bhliadhna eile den chùrsa agaibh, ach faodaidh sibh fhathast iarrtas a chur a-steach airson taic le cìsean mura h-eil sibh a' faighinn taic bho SAAS.

'S e £5,000 an t-sùim iomlan as mothà a gheibh sibh le tabhartasan bhon sgeama seo rè ùine air a' chùrsa agaibh, ach cha bhi buaidh aig sin air mar a dh'fhaodas sibh taic iarraidh airson cìsean a' chùrsa agaibh, mura h-eil sibh a' faighinn taic bho SAAS.

Faodaidh cuideachd an àireamh de dhaoine a tha a' cur a-steach airson tabhartasan buaidh a thoirt air an t-sùim dheireannaich a thèid a thabhan, agus bidh e cuideachd an crochadh air mar a thèid am buidseat maoineachaidh a riachadh.

A' cur iarrtas a-steach

Bu chòir dhuibh bruidhinn ri Sgioba Foghlaim Bòrd na Gàidhlig, cho luath's as urrainn ma tha ceistean agaibh mu dheidhinn an iarrtais agaibh le bhith a' cur post-d gu foghlam@gaidhlig.scot

Bu choir dhuibh iarrtas a chur a-steach air-loidhne leis am foirm seo: <https://forms.office.com/r/QpYHV4EDmY>

Gheibhear cruthan eadar-dhealaichte den foirm-iarrtais ma tha sibh a' cur a dh' iarraidh sin.

Dèanaibh cinnteach gu bheil am fiosrachadh a leanas air an cur a-steach gu tabhartas@gaidhlig.scot mus tèid no dìreach as dèidh dhuibh am foirm-iarrtais a' lionadh air-loidhne:

- Litir-aontachaidh airson a' chùrsa (airson gach iarrtas)
- Dearbhadh air cìsean a' chùrsa (airson gach iarrtas a tha a' sireadh taic le cìsean)
- Dearbhadh nach pàigh SAAS cìsean a' chùrsa (airson gach iarrtas a tha a' sireadh taic le cìsean)
- Fianais air cosnadh mus do thòisich an cursa (airson gach iarrtas airson tabhartais)

Feumaidh iarrtas agus am fianais còmhla ris a bhith aig Bòrd na Gàidhlig **ro 3f air Diardaoin 1 Sultain 2022**.

Eligibility for Grants (Standard and/or Top-up)

You will not be eligible to receive a grant if you have already received a grant for two previous years of your course, however you may still apply for support with course fees if you are not receiving support from SAAS.

The maximum total amount you can receive in grants from this scheme throughout the duration of your course is £5,000, however, this does not affect your ability to apply for support with course fees if you are not receiving support from SAAS.

The final sum awarded may also be affected by the number of applicants seeking grant funding and is subject to the funding budget allocation.

Submitting an application

You should talk to Bòrd na Gàidhlig's Education Team as soon as possible if you have any questions about your application by sending an email to foghlam@gaidhlig.scot

Applications should be submitted via the online form available here: <https://forms.office.com/r/QpYHV4EDmY>

Alternative formats of the application form are available upon request.

Please ensure that the following supporting information is submitted to tabhartas@gaidhlig.scot either before or immediately after submitting your application online:

- Letter of acceptance on course (for all applications)
- Confirmation of course fees (for all applications requesting support with course fees)
- Confirmation that SAAS will not pay course fees (for all applications requesting support with course fees)
- Evidence of employment before beginning the course (for all applications requesting grant)

Applications and supporting evidence must be submitted to Bòrd na Gàidhlig no later than **3pm on Thursday 1 September 2022**.

Cha tèid beachdachadh air iarrtasan a thig a-steach (no far a bheil fianais fhathast a dhìth) às dèidh a' chinn-là sin ach ma tha Bòrd na Gàidhlig deònach sin a dhèanamh.

Cuimhnichibh, dh'haodadh gun iarr Bòrd na Gàidhlig tuilleadh fiosrachaiddh no soilleireachadh air a' phròiseact bhuaibh às dèidh dhuibh iarrtas a chur a-steach.

Iarrtasan soirbheachail

Ma thèid gabhail ris an iarrtas agaibh, thèid litir-tairgse a chur thugaibh. Innsidh sin dè am maoineachadh a gheibh sibh agus dè na cumhachan maoineachaidh a th' ann.

Ma thèid taic aontachadh airson cìsean a' chùrsa, thèid iarraidh ort bruidhinn ris a' cholais no oilthigh agaibh gus fàirdeal a chur air dòigh gus an urrainn dhuinn ur chìsean a phàigheadh.

Ma tha tabhartas air aontachadh, thathar an dùil gun tèid 80% den mhaoineachadh a phàigheadh nuair a thilleas sibh an cùmhnan agus dearbhadh air an fhirosrachadh banca agaibh. Ma tha sibh air maoineachadh fhaighinn a-cheana, feumaidh sibh aithisgean adhartais a chur thugainn airson nam bliadhnaichean don d' fhuair sibh taic 's aonta fhaighinn airson nan aithisgean sin mus tèid ur phàigheadh airson an sgeama seo.

Thèid am 20% mu dheireadh a phàigheadh aig deireadh na bliadhna acadaimigich nuair a gheibhear aithisg adhartais leis a bheil sinn riaraichte.

Sgrùdadh is measadh air adhartas

Mar chumha airson maoineachadh fhaighinn, feumaidh sibh aontachadh ri:

- Còrioch a chur air a' chùrsa dha bheil sibh a' sireadh taic;
- Aithisg adhartais a chur gu Bòrd na Gàidhlig ro 30 Ògmhios 2023; agus
- Teagasc ann am foghlam tron Ghàidhlig airson co-dhiù a' bhliadhna dhearbhaidh agaibh.

Ma tha sibh a' faighinn tabhartas a bharrachd, feumaidh sibh cuideachd aontachadh ri:

- Co-dhiù 3 bliadhna às dèidh a chèile a chur seachad ann an teagasc Gàidhlig; agus
- Aithisg adhartais a chur gu Bòrd na Gàidhlig ro 30 Ògmhios anns gach bliadhna den chùrsa agaibh agus airson 3 bliadhna às dèidh dhuibh an càrsa a chrìochnachadh.

Applications that are submitted (or with outstanding evidence required) after this date will only be considered at the discretion of Bòrd na Gàidhlig.

Please note, Bòrd na Gàidhlig may request additional information or clarification of project details after the application has been submitted.

Successful applications

If your funding application is successful, a letter of offer will be sent to you. This will explain the level of funding agreed and the conditions that apply.

If support for course fees is agreed, we will ask you to arrange for your college or university to provide us with an invoice for the payment of the fees.

If support for a grant is agreed, it is expected that 80% of the funding will be paid upon return of the contract and confirmation of your bank details. Please note that if funding has been received in previous years that progress reports for those years must be submitted and approved before we can make any payment for this scheme.

Payment of the final 20% will be at the end of the academic year and will be conditional on receiving a satisfactory progress report.

Progress monitoring and evaluation

As a condition of funding, you must agree to:

- Complete the course for which you are requesting support;
- Submit a progress report to Bòrd na Gàidhlig before 30 June 2023; and
- Teach in Gaelic-medium education for at least your probationary year.

If you receive a top-up grant, you must also agree to:

- Commit to a career in Gaelic teaching for a minimum of 3 consecutive years; and
- Submit a progress report to Bòrd na Gàidhlig by the 30th of June in each year of your course and for 3 years following the course.

Tha sinn an dùil aithisg adhartais fhaighinn aig deireadh gach bliadhna acadaimigich a' mìneachadh na tha sibh air a dhèanamh sa bhliadhna sin, gu bheil sibh an dùil leantainn oirbh leis a' chùrsa agaibh no tòiseachadh ann an dreuchd teagaisg Gàidhlig, agus bheir sibh iomradh air teachd-a-steach sam bith a fhuair sibh thairis air a' bhliadhna acadaimigich.

Cuideachd, faodaidh luchd-obrach Bhòrd na Gàidhlig fios a chur gu luchd-iarrtais nuair a tha iad a' dèanamh a' chùrsa aca, feuch am faigh iad fios gu neo-fhoirmeil air mar a tha a' dol dhaibh.

Mas e 's nach cuir sibh crìoch air a' chùrsa aca, no ma nì thu co-dhùnadh gun a bhith toirt a-mach dreuchd ann am Foghlam Gàidhlig, feumaidh tu fios a chur gu Bòrd na Gàidhlig **sa bhad**, le dùil gum bi agad ri pàirt den tabhartas a thilleadh.

Tuilleadh fiosrachaидh

Airson tuilleadh fiosrachaидh mu dheidhinn maoineachaидh, nach tadhail sibh air [làrach-lìn Bhòrd na Gàidhlig](#), cuiribh post-d gu tabhartas@gaidhlig.scot.

Gheibhear fiosrachadh mu phriobhaideachd a thaobh ar sgeamaichean maoineachaидh [air-loidhne](#).

We expect a progress report at the end of each academic year to explain what you have undertaken in that year, whether you intend to continue with your course or into a Gaelic teaching position, and outline income received over the course of the academic year.

Bòrd na Gàidhlig members of staff may also contact you during your course, for informal progress updates.

Should you not complete their course or decide not to follow a career in Gaelic Education, Bòrd na Gàidhlig must be informed **immediately**, with part of the grant then liable to be returned.

More information

For more information about funding, please visit [Bòrd na Gàidhlig's website](#), email us at tabhartas@gaidhlig.scot.

Privacy information relating to our funding schemes [can be found online](#).